

# NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE ANDWORK

AIREAMH 7 | 2016 | AN T-IUCHAR

## Facal Toisich

Tha sinne beò ann an saoghal anns a bheil sinn mothachail air cho mòr agus a tha a' bheàrn a tha eadar am bochd agus am beairteach. Tha sin fìor mu dhùthchannan an t-saoghail. Tha sinne a' fuireach ann an dùthaich far a bheil tomhas de chofhurtachd againn, goireasan nach robh aig na ginealaichean a chaidh romhainn.

Ach tha bochdainn ann an Alba cuideachd. Cluinnidh sinn tric mu “bhancaichean bìdh,” far am faigh daoine a tha ann an cruaidh-chàs biadh nuair nach eil airgead aca. Tha obair mhath ga dèanamh ann an iomadh baile air feadh na dùthcha leis na goireasan sin. Canaidh cuid nach eil còir sam bith gum biodh duine ann am bochdainn nar latha, ach chan eil sin fìor.

'S e prionnsabal Crìosdail a tha ann, air a stèidheachadh air bunaitean soisgeulach, gu bheil còir againn ar coimhearsnach a ghràdhachadh agus am bochd a chuideachadh. Cò nach eil eòlach air cosmhalachd an t-Samaritanaich? Ach chan eil e cho furasda teagasg na cosmhalachd a chur an gnìomh, nar beatha gu pearsanta, no mar rioghachdan. An-diugh, leis na tha de dh'fhògarraich anns an Roinn Eòrpa, tha an tuilleadh uireasbhaidh ann.

Air a' Ghàidhealtachd, anns na làithean a dh'fhalbh, bha spiorad a' charthannais nàdarra do dhaoine. Chuala mi mu eilean beag far an robh an sluagh beò mar theaghlach agus bha na bha aig daoine air a cho-roinn – mar a bha a' tachairt ann an ceud làithean na h-Eaglais. Nam biodh cuideigin a-muigh ag iasgach bha a h-uile dachaigh air an eilean a' faighinn pàirt dheth. Bhiodh biadh eile air a roinn anns an dòigh cheudna.

Tha e 'na chomharradh air nach eil an aon bhuaidh aig an t-Soisgeul air ar coimhearsnachdan gu bheil daoine air fàs nas coma. Tha feum air teachdaireachd a' Bhìobaill a bhith air a cumail fa chomhair dhaoine nar dùthaich fhèin agus air feadh farsaingeachd an t-saoghail. *Aithne nuadh tha mi a toirt dhuibh, gun gràdhaich sibh a chèile mar a ghràdhaich mise sibhse.*

**Leis gach beannachd,**

**Ruairidh MacLeòid**



**Thog Tormod MacLeòid an dealbh seo de dh'eaglais na Cananaich anns an Eilean Dhubh nuair a bha e air chuairt. An-diugh tha Abhaich ceangailte ris a' Chananaich agus Ròs-maircidh. Tha tòrr eachdraidh aig an sgìr seo a' dol air ais roimh àm an Ath-leasachaidh gu ceud làithean na h-Eaglais Cheiltich ann an Alba. Tha seirbheis anns an eaglais seo gach madainn Sàbaid aig leth-uair an dèidh aon uair deug.**

## Cùil nan Ceist

Tha sinn air a bhith a' smaoinichadh air bochdainn agus beairteas. Air a' mhìos seo tha sinn a' togail cheist mu bhochdainn. Tha freagairt nan ceist ann an caibideil anns a' Bhìoball agus gheibhear iad cuideachd air an duilleig-chùil.

1. Dè leis am beannaich Dia am bochd? (Salm 132.)
2. Lion a' bheàrn – “Cha b'ann a chionn gu robh — aige do na bochdan.” (Soisgeul Eòin, caibideil 12.)
3. Dè air an robh am bochd air a reic? (Amos, caibideil 2.)
4. Cò a bha ag iarraidh co-roinn a dhèanamh air na naoimh bhochda ann an Ierusalem? (Ròmanaich, caibideil 15.)

# Dorsan Fosgailte – 5

Ann an t-sreath seo tha sinn a' coimhead air dorsan fosgailte.

Mar a tha sinn a' fàs aosda 's dòcha nach eil na h-aon chomasan againn is a bha againn nar n-òige. 'S dòcha gu bheil sinn a' smaoinichadh nach eil sinn gu mòran feum tuilleadh.

Bidh buidheann againn a' coinneachadh aon uair anns a' mhìos agus bhruidhinn tè de na mnathan mu dhèidhinn seo. Tha i anns na h-ochdadan agus tha cù aca agus bidh iad ga thoirt cuairt a h-uile latha. Nuair a bhios i a-muigh bidh i a' seinn laoidhean-molaidh agus a' meòmhrachadh orra, ach bidh i cuideachd a' tachairt ri nàbaidhean agus beag air bheag tha i air eòlas a chur air feadhainn dhiùbh agus bidh iad ag innse dhì rudan a tha a' cur dragh orra. Bidh i ag ùrnaigh air an son agus uaireannan a' guidhe beannachdan Dhè air an dachaighean anns an dol seachad.

Bha mi air a bheò-ghlacadh leis na bha i ag innse dhuinn oir thuig mi nach eil e gu diofar dè an aois a tha sinn faodaidh dorsan beaga fosgladh am beatha a h-uile duine againn.

Chuir aon duine mar seo e, *Aosda mar a tha mi, chan eil mi ag iarraidh mo shùilean a dhùnadh do dhoras sam bith a dh'fhaodadh Dia fhosgladh dhomh aig toiseach gach latha.*

Tha dorsan ann cuideachd agus b'fheàrr leinn gun a dhol trompa, 's dòcha tinneas no aonranachd no call.

Leugh mi na facail seo agus thug iad misneachd dhomh. *Chan eil solas car a' sealltainn dhuinn ach còig troighean deug air thoiseach oirnn, ach bheir na còig troighean deug sin sinn fad na slighe dhachaigh.*

Tha Dia a' gealltainn a dhol còmhla rinn tron a h-uile doras a thig nar rathad, dorsan fosgailte no dorsan dùinte agus tha an gealladh againn, *Feuch tha mise maille ribh a-ghnàth gu deireadh an t-saoghail.*

**Oighrig Fhearghasdan,**  
(A' Mhanachainn)

# Searmon Gàidhlig an Ard-sheanaidh

(Giorrachadh den t-searmon a thug an t-Urr. Iain MacDòmhnail seachad ann an eaglais nam Manach Liath)

*Agus thubhairt iad eatorra fhèin, Cò a charaicheas dhuinn a' chlach o dhoras na h-uaighe? (Marcus 16:3)*

Tha briathran nam mnathan air madainn na h-aiseirigh inntinneach. Cha robh iad ach a' faighneachd ceist nàdarra. Bha iad a' faicinn duilgheadais romhpa. Bha clach mhòr throm a' seulachadh na h-uaigh, agus cha robh e 'nan comas a charachadh. Bha a' cheist aca reusanta gu leòr. Chunnaic iad an cnap-starra, ach chan fhaca iad am fuasgladh a gheibheadh iad. Bha iad a' faighneachd na ceist, ach cha robh dùil aca ris an fhreagairt a fhuair iad. Dà cheist an toiseach.

**Dè a bha dùil aca aig an uaigh?**

**Cò a bha iad a' sireadh aig an uaigh?** An e corp marbh no Slànaighear beò?

Chaidh iad a dh'ionnsaigh na h-uaigh airson adhbhair, is beachd aca dè a bha iad a' dol a lorg ann, agus dè an dleasdanas a bha aca ri choileanadh ann.

Dè cho tric, a chàirdean, a tha sinn gar faighinn fhèin ann an Dùn Eideann air an adhbhar cheàrr, le ceistean, teagamhan, ach gun sùil air an aon a bheir freagairt dhuinn?

An ann airson ar dleasdanas a dhèanamh timcheall air corp marbh agus eaglais a tha gu leòr a' smaoinichadh a tha a' bàsachadh no fiù a' bàsachadh, no seirbheis a dhèanamh chun an Dè bheò.

**Diamhaireachd na h-Uaigh Fhalaimh.**

'S e teachdaireachd agus dleasdanas agus obair na h-Eaglais an aiseirigh, an uaigh fhalaimh. As aonais cumhachd agus buaidh na h-aiseirigh chan eil dòchas idir aig an Eaglais no aig an dùthaich. Ach nach faod sinn a bhith gar giùlan fhèin mar na mnathan. Tha sinn a' fàilingeadh nar dleasdanas mur bi sinn a' sealltainn gu bheil e nas fheàrr na càil sam bith eile a bhith nar Crìosdaidhean.

Tha Crìosd beò. Tha e beò aig deaslàimh Dhè agus a' dèanamh eadar-ghuidhe air ar son.

# Leabhraichean

Tha corra leabhar Gàidhlig ann nach eil furasda am faotainn an-diugh agus bidh mi ag ràdh gur e call a tha ann nach smaoinichadh foillsichear air choireigin air an cur a-mach as-ùr. Bhuineadh an t-Urr. Dòmhnall Iain Màrtainn do theaghlach às an tàinig ministearan agus dotairean a thug seirbheis dhìleas do shluagh na Gàidhealtachd. Tha eaglais ann an Steòrnabhagh air a h-ainmeachadh air. Bha e 'na mhinistear ann an Steòrnabhagh agus anns an Oban, far an robh meas mòr air mar shearmonaiche agus mar aoghair. Rinn e obair mhòr airson stuamachd a bhrosnachadh am measg nan Gàidheal. Bha athair Dhòmhnail Iain 'na lìghiche. Bha dlùth-cheangal aig an teaghlach ris an Eilean Sgitheanach.

Thàinig na sgrìobhaidhean aig a' Mhàrtainneach a-mach an toiseach anns *An Fhianuis Ghàidhealaich*, na duilleagan Gàidhlig aig

**Teagasg nan Cosamhlachdan**  
(le Dòmhnall Iain Màrtainn,  
air a dheasachadh leis an Urr. Calum MacGhillinnein)

an Eaglais Shaoir Aonaichte. Thàinig an leabhar le teagasg nan cosmhalachd am follais ann an 1914, bliadhna an dèidh bàs an ùghdair. Aig toiseach an leabhair tha iomradh air beatha an sgrìobhadair leis an Urr. Calum MacNeacail Mac an Rothaich a bha ann an Taigh an Uillt.

Bha alt aig Dòmhnall Iain Màrtainn ann a bhith a' mìneachadh nan cosmhalachd. Tha an leabhar làn de naidheachdan a tha a' toirt an tuilleadh stiùiridh don leughadair. Tha an teagasg air a stèidheachadh gu bunaiteach air na Sgrìobtaran.

Ged a tha còrr is ceud bliadhna bho thàinig an leabhar taitneach seo on chlà. Bidh mòran de luchd na h-Eaglais nach d'fhuair cothrom an leabhar seo a leughadh. Bhiodh e math nam biodh e air fhoillseachadh as-ùr airson leughadairean ar latha.

## Teachdaireachd na h-Uaigh Fhalaimh

Tha teachdaireachd a' chrainn-cheusaidh sìmplidh gu leòr.

Tha na soisgeulan ag innse sgeulachd, teachdaireachd, teagasg, ministrealachd an Tighearna Iosa Crìosd. Ach chan eil an creideamh Crìosdail air a stèidheachadh air teagasg Iosa Crìosd. Cha mhotha na mìorbhailean, na leigheasan, ach gun do dh'èirich Iosa Crìosd a bha marbh o na mairbh.

Tha cuirm mhòr shònraichte air a cumail ann an Gàrradh Sràid a Phrionnsa, a tha comharrachadh beatha agus obair na h-Eaglais tron dùthaich air fad. 'S e *Heart and Soul* a tha air, agus 's e ainm glè fhreagarrach a tha ann. Ach nuair a thòisich e bho chionn còig bliadhna 's e *Roll away the Stone* a chaidh a thoirt air, ainm a tha a' còrdadh riumsa nas fheàrr co-dhiùbh!

## Beatha na h-Uaigh Fhalaimh

Chan e a-mhàin gu bheil an uaigh fhalaimh 'na diamhaireachd agus cuideachd a' toirt teagaisg dhuinn.

'S e seo beatha na h-uaimh fhalaimh, beatha na h-aiseirigh, a bhith a' searmonachadh le briathran no as aonais bhriathran beatha na h-aiseirigh. 'S e seo an deagh sgeul, ar soisgeul, gun do bhàsaich Iosa Crìosd airson ar peacaidhean, gun do dh'èirich E le buaidh air an treas latha agus gu bheil E beò ann an cumhachd *beatha gun chrìoch*.

'S e seo tòimhseachan an t-Soisgeil cuideachd! A-mach à bàs tha beatha a' tighinn, tre bhàis aoin, tha mòran air an teàrnadh. Bhàsaich Crìosd airson beatha a thoirt dhuinne ann am pailteas, ach airson seo tachairt chan eil e gu leòr a bhith aig an uaigh, feumaidh sinn a dhol a-steach don uaigh, mara chaidh Peadar. Cha robh e gu leòr coimhead a-steach, bhon taobh a-muigh, feumaidh an deisciobal a dhol a-steach don uaigh ann an creideamh. A' creidsinn gun do dh'èirich Crìosd o na mairbh.

# Ministear Sgoilearach à Earra Ghàidheal

Annas a' Chèitean dh'innis sinn mu dhealbh-làimhe a chaidh a lorg den Urr. Niall MacMhìcheil, a bha 'na mhinistear ann an Cràiginnis ann an Earra Ghàidheal o 1860 gus an d'fhuair e neach-cuideachaidh ann an 1909. Tha sinn a-nis air fiosrachadh fhaighinn air a mhac, Donnchadh, a bha faisg air dà fhichead bliadhna 'na

mhinistear ann an Largo. Tha a h-uile coltas gu robh e 'na oileanach fìor chomasach.

B'esan am mac a bu shine a bha aig an Urr. Niall MacMhìcheil agus a bhean. Iseabail. Rugadh Donnchadh ann an 1863. Chaidh e don sgoil an toiseach ann an sgoil-ghràmar Cheann Loch Chille Chiarain agus an dèidh sin fhritheil e Ard-sgoil Rìoghail Dhùn Eideann. Bhuineadh a mhàthair do Cheann Loch Cille Chiarain agus tha e coltach gur e sin bu choireach gun deachaidh e don sgoil anns a' bhaile.

Chaidh Donnchadh MacMhìcheil tron fhoghlam ann an Oilthaigh Dhùn Eideann. Ann an 1886 thug e a-mach MA agus ann an 1888 choisinn e BD. Nuair a bha e anns an oilthaigh fhuair e grunn dhuaisean. Ann an 1881 choisinn e an darna duais agus Urras Grierson airson oileanach a bha a' dol don oilthaigh. Ann an 1883 chaidh Bursaraidh Mhic a' Phearsain (£48 airson dà bhliadhna) a bhuileachadh air agus b'esan a fhuair a' cheud duais am measg nan oileanach anns an treas bliadhna. Choisinn e ceud not anns a' bhliadhna o Urras Ghilleathain MhicGhilleathain fad nan sia bliadhna a bha e ann an Oilthaigh Dhùn Eideann. (Tha airgead fhathast ga thoirt seachad on Urras seo, air a ruith le Clèir Earra Ghàidheal.) Ann an 1887 choisinn Donnchadh Duais Hepburn airson òraid a sgrìobhadh air Diadhaireachd.

Chaidh buinn a thoirt do mhac ministear Chràiginnis airson a bhith air thoiseach air càch ann an clasaichean anns an robh e 'na oileanach, matamataig, agus feallsanachd. Chaidh duaisean a thoirt dha ann an cuspairean eile cuideachd, leithid feallsanachd, litreachas na Beurla agus diadhaireachd. Choisinn e duaisean ann an Ceilteis. 'S e sgoilear à Earra Ghàidheal, an t-Ollamh Dòmhnall MacFhionghain, à Colbhasaigh, a bha 'na phroifeasair air na Cànanan Ceilteach ann an Dùn Eideann aig an àm sin.

Bha mac eile aig an Urr. Niall MacMhaighstir a bha 'na mhinistear. Rugadh Daibhidh Colville MacMhìcheil ann an 1866, agus coltach ri a bhràthair, Donnchadh, chaidh e gu Ard-sgoil Rìoghail Dhùn Eideann, agus gu Oilthaigh Dhùn Eideann far an tug esan a-mach cuideachd MA agus BD. Eadar 1892 agus 1912 bha e 'na mhinistear ann an Eaglais Ghàidhlig Ghrianaig. Ann an 1922 thill e a dh'Alba gu bhith 'na mhinistear anns a' Ghearasdan.

# Gàidhlig Shìmplidh



Ceann-teagaisg airson na mìos seo: "Fanaibh annamsa agus mise annaibhse." Tha na faclan sin sgrìobhte

ann an Soisgeul Eòin. Leughaidh sinn iad anns a' cheathramh caibideil deug, aig a' cheathramh rann. (Soisgeul Eòin 14:4) Seo caibideil cho ainmeil agus a tha againn ann an Soisgeul Eòin. Bha Iosa a' toirt comhairle agus cofhurtachd do na deisciobail. Bha E airson gum biodh iad a' fuireach faisg air-san. Nuair a bha iadsan faisg air Iosa, bhiodh Iosa faisg orrasan. Bha iad a' cur feum air co-chomann Iosa. Bha iad a' cur feum air neart Iosa. 'Nan neart fhèin cha dèanadh iad adhartas.



Cia meud facal a tha againn anns a' Ghàidhlig airson "eaglais"? Canaidh sinn taigh-adhraidh ri àite far am

bi daoine a' cumail sheirbheisean. Canaidh sinn cuideachd taigh-coinneimh ris. Ann an cuid de àiteachan 's e taigh-leughaidh a chanas daoine. Sin far am biodh searmon air a leughadh, 's dòcha le eildear, nuair nach robh ministear no miseanaraidh air ceann na seirbheis. Anns na bailtean bidh eaglaisean mòra a chumas na ceudan. Ach ann an àiteachan iomallach bidh taighean-coinneimh no taighean-leughaidh ann a tha freagarrach airson an àite far nach eil ach beagan dhaoine a' fuireach.



Seanfhacal airson na mìos seo: "Tha rathad làimh ris an rathad mhòr." (There's another road near the highway.) Tha barrachd air aon

dòigh air rud-eigin a dhèanamh. Tha barrachd air aon rathad a tha a' dol gu ceann-uidhe. Tha e furasda dhuinn an rathad àbhaisteach a ghabhail. Ach gu tric bidh dòigh eile air rud-eigin a dhèanamh. Bha Pòl a' lorg a h-uile dòigh air an Soisgeul a shearmonachadh. Bhiodh e ag innse mu Chrìosd le bhith a' labhairt. Bhiodh e cuideachd a' sgrìobhadh mu Iosa. Bhiodh e a' labhairt ri sluagh lìonmhor, na ceudan de dhaoine. Ach ged nach biodh ann ach aon duine bhiodh e airson sgeul a' bheirneach an t-Soisgeil innse dhaibh.



Didòmhnaich thubhairt am ministear againn gu robh a-nis ceithir Sàbaidean an dèidh a chèile againn

le side thlachdmhor. Nuair a thig aimsir bhlàth cha bhì guth air an fhuachd a bha againn as t-earrach. Ach an-diugh, meadhan a' Chèitein, tha an t-adhar nas sgòthaiche. Tha an latha nas fhuair. Ach tha dòchas againn gun tig làithean brèagha fhathast. Bidh eagal oirnn ma thig an samhradh ro-thràth nach mair an teas. Ach feumaidh sinn an t-side a ghabhail mar a thig i, anns gach ràidh den bhliadhna. Còrdaidh samhradh blàth ri muinntir an àite agus ri luchd-turais.

# AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

## Thall 's a-Bhos

### RANN

*O m'anam, dùisg is leis a' ghrèin,  
Bi ruith air cuairt do dhleasnais fhèin;  
Grad èirich, 's fàg gach leisg air chùl,  
'S thoir iobairt mhoch do Dhia nan dùl.*


Seo laoidh eile a chaidh a thionndadh gu Gàidhlig le Iain Mac Gille Bhàin a bha ceangailte ri eaglais Chaluim Chille ann an Glaschu. Tha còrr is leth-cheud eadar-theangachadh le Mac Gille Bhàin anns an leabhar, *Laoidhean Gàidhlig*, a chuir eaglais Chaluim Chille a-mach. Sgrìobh Tòmas Ken (1637-1711) an laoidh Bheurla. Dh'iarr e gum biodh an laoidh seo air a seinn aig seirbheis an tìodhlacaidh aige.

### FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist mu dhaoine bochda a chuir sinn oirbh air an duilleig aghaidh. 1. Aran. 2. —sùm— 3. Airson bhròg. 4. Muinntir Mhacedònia agus Achaia.

### SEIRBHEIS AN ARD-SHEANAIDH

Air ceann an adhruidh agus a' searmonachadh aig seirbheis Ghàidhlig an Ard-sheanaidh bha an t-Urr. Iain Murchadh Dòmhnallach, ministear an Tairbeirt. A' togail an fhuinn bha Alasdair MacLeòid. A' leughadh nan Sgrìobtar bha Dòmhnall Iain Dòmhnallach agus Màiri NicRath. An dèidh na seirbheis chaidh biadh a thoirt seachad don luchd-adhruidh agus bha cothrom aca greis a bhith a' conaltradh.



An t-Urr. Dòmhnall Iain Màrtainn, a sgrìobh an leabhar, *Teagas nan Cosamhalachdan*.

### BLIADHNA A' MHODERATOR

Fad na bliadhna a bha an t-Oll. Urr. Aonghas Moireasdan 'na Mhoderàtor air an Ard-sheanadh bha luchd-camara ga leantainn agus chaidh am prògram a rinn iad fhoillseachadh air *Alba*. Chòrd am prògram gu mòr ris an luchd-amhairc. 'S e am Moderàtor a thug seachad an searmon aig an t-seirbheis airson fosgladh Pàrlamaid na h-Alba an dèidh an taghaidh. Rinn an t-Oll. Moireasdan mòran tron bhliadhna airson ìomhaigh na Gàidhlig a thogail a bharrachd air a bhith a' riochdachadh Eaglais na h-Alba air feadh na dùthcha.

### ADHBHAR GAIRE

Bha cuideigin ann nach robh furasda a riarachadh. Chaidh e don eaglais air an t-Sàbaid, agus chaidh fhaighneachd dha ciamar a chòrd an searmon ris. Thubhairt e gu trì rudan ann nach robh a' tighinn ri a chàil. An toiseach, bha a h-uile facal den t-searmon sgrìobhte air pàipear. A-rithist leugh an searmonaiche e facal air an fhacal. Agus an treas nì – cha b'fhiach e a leughadh.

## Urnaigh

A Dhè uile-chumhachdaich,  
is leatsa na nèamhan agus an talamh,  
farsaingeachd mhòr an domhain,  
ach tha do shùil air gach aon againn fa-leth.  
Ged a tha Thu àrd os ar cionn,  
tha Thu a' tighinn dlùth dhuinn  
ann an iomadh dòigh agus cruth  
a h-uile latha de ar beatha.  
Tha Thu a' tighinn dlùth dhuinn  
ann am beannachdan do fhreasdail.  
Thàinig Thu dlùth dhuinn gu sònraichte  
ann an Iosa Crìosd,  
'na theachd a dh'ionnsaigh an t-saoghail,  
'na bheatha air an talamh,  
'na bhàs air a' chrann,  
'na aiseirigh o na mairbh.

Amen

An dealbh air an aghaidh:  
Seo dealbh a chaidh a tharraing  
ann an Loch nam Madadh,  
a' coimhead a-mach gu Beinn Lì.  
Tha an dà bheinn mar fhreacadal  
os cionn a' bhaile,  
mar a bha an salmair a' faicinn  
nam beann timcheall air Ierusalem  
mar chomharradh air dìon Dhè air a shluagh.